



curraicealam airson sàr-mhathais:
ealain chruthachail
eòlasan agus builean

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Ealain chruthachail

Eòlasan agus builean

Tha na h-eòlasan anns na h-ealain chruthachail a' gabhail a-steach cruthachadh, taisbeanadh agus obair phractaigeach far am bi mi a' dèanamh rudan. Tha luachadh is measadh air an cleachdadh airson cur ri mo thlachd agus ri m' eòlas is mo thuigse.

Tha na tha mi ag ionnsachadh tro na h-ealain chruthachail agus mun deidhinn:

- a' toirt eòlas dhomh air comas brosnachaidh agus cumhachd nan ealan
- a' comharrachadh agus a' toirt air adhart mo thàlantan cruthachail agus ealanta
- a' leigeil leam sgilean agus dòighean-obrach a thoirt air adhart a' buntainn ri seòrsaichean ealain shònraichte, thar nan ceithir comasan
- a' toirt cothrom dhomh air tuigse nas fheàrr fhaighinn air cultar ann an Alba agus san t-saoghal a-muigh
- air a chuideachadh agus air àrdachadh le bhith ag obair còmhla ri companaidhean ealain phroifeiseanta, luchd-ealain agus buidhnean cultarach.

Gabhail pàirt ann an gnìomhan agus taisbeanaidhean

Tha gach roinn de na h-ealain chruthachail a' toirt chothroman a bhith a' taisbeanadh agus a' gabhail pàirt ann an tachartasan, mar eisimpleir a bhith ag ullachadh dhealbhan airson an sealltainn, a' cur air dhealbhan-cluiche goirid gun sgript dhan chlas no a bhith a' dèanamh dannsa no a' cluiche pìos ciùil do phàrantan no anns a' choimhearsnachd. Aig an treas ìre, bu chòir cothrom a bhith aig gach neach òg, mar cheann-uidhe an ionnsachaidh, pàirt a ghabhail ann an tachartas sònraichte (leithid taisbeanadh) ann an aon roinn co-dhiù de na h-ealain chruthachail.

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
	<p>Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas no taisbeanadh agus a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/tachartasan dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-01a / EXA 1-01a / EXA 2-01a</p>		<p>Tha mi air na sgilean a thog mi anns na h-ealain chruthachail a chleachdadh airson pàirt a ghabhail ann an taisbeanadh/tachartas poblach.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-01a¹</p> <p>Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/tachartasan dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-01b</p>	<p>Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach agus brosnachail 's a tha e a bhith a' dèanamh taisbeanadh/tachartas do luchd-amais eadar-dhealaichte.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-01a</p>

¹ Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach aon roinn de na h-ealain chruthachail air a' char as lugha. A rèir a' cho-theacsa 's e taisbeanadh no tachartas a bhios ann.

Ealain agus dealbhadh

Tro ealain agus dealbhadh, tha cothroman math aig luchd-ionnsachaidh a bhith cruthachail agus eòlas fhaighinn air brosnachadh agus tlachd. Tha iad a' feuchainn a-mach raon farsaing de mheadhanan agus theicneòlasan 2D agus 3D tro ghnìomhan practaigeach, agus tha iad a' cruthachadh, a' taisbeanadh agus a' toirt seachad bheachdan. Tha an sgrùdadh air obair luchd-dealbhadh a' cur rin tlachd, rin eòlas agus rin tuigse.

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Tha saorsa agam dòighean a lorg agus a thaghadh airson ìomhaighean is cruthan a dhèanamh, a' cleachdadh diofar stuthan. EXA 0-02a	Tha cothrom agam raon de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn airson ìomhaighean is cruthan a dhèanamh, a' lorg dè nì is nach dèan iad agus dè na gnìomhan sònraichte airson a bheil iad freagarrach. EXA 1-02a	Tha cothrom agam raon farsaing de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn a-mach airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, gan coimeas ri chèile agus gan cur còmhla airson gnìomhan sònraichte. EXA 2-02a	Dh'fheuch mi raon de mheadhanan agus de theicneòlasan airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, a' cleachdadh na tuigse a tha agam air na rudan a nì is nach dèan iad. EXA 3-02a	Dh'fheuch mi raon de mheadhanan/theicneòlasan, le misneachd, gus cruthan is ìomhaighean a dhèanamh, a' cleachdadh na dh'ionnsaich mi mu cho freagarrach is tha meadhanan is dòighean-obrach son obair àraidh. EXA 4-02a
	Is urrainn dhomh obair a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' cleachdadh nan eileamaidean lèirsinneach – loidhne, cumadh, cruth, dath, tòn, pàtran agus gnè stutha. EXA 1-03a	Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgil a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach. EXA 2-03a	Is urrainn dhomh na h-eileamaidean agus na bun-bheachdan lèirsinneach a chleachdadh agus an cur an altaibh a chèile airson beachdan, smuaintean agus faireachdainn a chur an cèill ann an obair ealain agus dealbhaidh. EXA 3-03a	Is urrainn dhomh na h-eileamaidean agus bun-bheachdan lèirsinneach a chleachdadh le faireachadh airson sealltainn nàdar rudan is an dàimh ri chèile agus gus fiosrachadh, smuaintean is faireachadh a chur an cèill. Cleachdaidh mi mo sgilean is mac-meanmna airson smaointinn ann an dòigh ùr nam obair ealain is dealbhaidh. EXA 4-03a
Is urrainn dhomh raon de dh'fhiosrachadh lèirsinneach a chruthachadh tro bhith ag amharc agus a' clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealam. EXA 0-04a / EXA 1-04a		Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealam, is urrainn dhomh ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil mi a' mothachadh do rudan gu mionaideach. EXA 2-04a	Tro amharc agus clàradh, is urrainn dhomh stuth a chruthachadh a tha a' toirt dealbh fhirinneach air rudan. EXA 3-04a	Tro chruthachadh raon de stuth fiosrachaidh, is urrainn dhomh mo sgilean a nochdadh a thaobh amharc agus clàradh agus an cleachdadh ann an roinnean eile den churraicealam. EXA 4-04a

Ealain agus dealbhadh (a' leantainn)

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Le diofar seòrsa brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a chur an cèill tro obair ann an ealan agus dealbhadh.</p> <p>EXA 0-05a / EXA 1-05a / EXA 2-05a</p>				<p>A' taghadh chuspairean pearsanta agus a' cur mo bheachdan fhìn ri chèile à diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a chur an cèill tro obair 2D no 3D.</p> <p>EXA 4-05a</p>
<p>Ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, tha mi a' cleachdadh mo mhiann air ionnsachadh agus mo mhac-meanmna airson ceistean dealbhaidh fhuasgladh.</p> <p>EXA 0-06a</p>	<p>Is urrainn dhomh rannsachadh agus mac-meanmna a chleachdadh gus fhuasgladh fhaighinn air ceistean dealbhaidh co-cheangailte ri ar beatha làitheil.</p> <p>EXA 1-06a</p>	<p>Is urrainn dhomh mo bheachdan a thoirt air adhart agus an innse do dhaoine eile, a' sealltainn mac-meanmna agus a' lorg co-dhiù aon fhuasgladh airson ceist dealbhaidh.</p> <p>EXA 2-06a</p>	<p>Tro phròiseas dealbhaidh stèidhichte air stiùireadh a chaidh a thoirt dhomh, is urrainn dhomh fhuasglaidhean mac-meanmna obrachadh a-mach airson ceistean dealbhaidh, agus an innse do dhaoine eile.</p> <p>EXA 3-06a</p>	<p>Tro phròiseas dealbhaidh stèidhichte air stiùireadh a chaidh a thoirt dhomh, is urrainn dhomh fhuasglaidhean mac-meanmna obrachadh a-mach airson ceistean dealbhaidh, agus an cur an cèill.</p> <p>EXA 4-06a</p>
<p>Is urrainn dhomh beachd a thoirt air obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh le bhith a' bruidhinn mu mo smuaintean agus m' fhaireachdainn. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p>EXA 0-07a / EXA 1-07a / EXA 2-07a / EXA 3-07a</p>				<p>Is urrainn dhomh dòighean-obrach, pròiseasan agus bun-bheachdan ealain agus dealbhaidh a sgrùdadh, agus breith chothromach agus beachdan reusanta a chur an cèill mun obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p>EXA 4-07a</p>

Dannsa

Tro dhannsa, tha cothroman math aig luchd-ionnsachaidh a bhith cruthachail agus air brosnachadh is tlachd fhaighinn. Is e bhith a' cruthachadh agus a' gabhail pàirt ann an tachartasan am prìomh amas do luchd-ionnsachaidh uile. Tha gabhail pàirt ann an dannsa a' cur ri am foghlam corporra agus a' toirt obair dham bodhaig. Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an sgilean teicnigeach, a' fàs nas fheàrr air gluasad, agus a' cleachdadh am mac-meanmna agus an sgilean gus ruithean dannsa a chruthachadh agus a chur ri chèile. Tha iad cuideachd a' toirt air adhart an eòlais is an tuigse agus an comas air tlachd fhaighinn à dannsa tro bhith a' measadh eisimpleirean de dhannsa agus a' toirt am beachd air an obair fhèin agus obair dhaoine eile.

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Tha cothrom agus saorsa agam dòighean a thaghadh agus fheuchainn a-mach san urrainn dhomh gluasad le ruitheam, faireachdainn agus toileachas. EXA 0-08a	Is toigh leam a bhith a' cruthachadh ruithean goirid dannsa, a' gabhail a-steach siubhal, tionndadh, leum, gluasadan-bodhaig, stad agus tuiteam, agus an dèanamh gu sàbhailte. EXA 1-08a	Is urrainn dhomh gluasadan fheuchainn a-mach agus a thaghadh airson dannsa a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' toirt air adhart mo sgilean agus mo dhòigh obrach. EXA 2-08a	Tha mi air cruthachadh agus air pàirt a ghabhail ann an dannsa à diofar stoidhlichean agus chultaran. EXA 3-08a	Is urrainn dhomh mo sgilean a chur gu feum ann an dannsa, le grinneas, smachd, mothachadh bodhaig, faireachdainn agus gluasad siùbhlach. Is urrainn dhomh m' amas-ealain a chur an cèill is a bhith mothachail air diofar luchd-amais. EXA 4-08a Is urrainn dhomh teicneòlas ealain àrd-ùrlair a chur gu feum gus mo dhannsa a dhèanamh nas beothaile. EXA 4-08b
Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' faireachdainn a chur an cèill tro obair chruthachail ann an dannsa. EXA 0-09a / EXA 1-09a / EXA 2-09a			Gheibh mi brosnachadh à diofar rudan airson ruithean dannsan a chur ri chèile ann an dòighean cruthachail. EXA 4-09a	
Tha cothroman agam tlachd fhaighinn o bhith a' gabhail pàirt ann an dannsa. EXA 0-10a	Tha mi ag ionnsachadh diofar rudan mu dhannsa agus is urrainn dhomh ceumanann, cumaidhean agus dannsaichean goirid ionnsachadh is a dhèanamh. EXA 1-10a	Tha mi air pàirt a ghabhail ann an dannsa bho dhiofar stoidhlichean agus chultaran, a' sealltainn gu bheil tuigse agam air nàdar an dannsa. EXA 2-10a	Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an dòighean dannsa a tha toirt dùbhlàn dhomh agus a' cur ri mo chomasan gluasaid agus rim eòlas air cultaran agus stoidhlichean dannsa. EXA 4-10a	

Dannsa (a' leantainn)

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Is urrainn dhomh mo smuaintean agus m' fhaireachdainnean mu dhannsa a dheasbad. Is urrainn dhomh beachd reusanta a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-11a / EXA 1-11a / EXA 2-11a / EXA 3-11a</p>			<p>Is urrainn dhomh an taobh teicnigeach de dhannsa a sgrùdadh, breith chothramach a thoirt agus beachdan pearsanta a chur an cèill mun obair fhìn agus mu obair dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-11a</p>	

Dràma

Tro dhràma, tha cothrom math aig luchd-ionnsachaidh a bhith cruthachail agus air brosnachadh agus tlachd fhaighinn. Tha cruthachadh agus taisbeanadh cudromach do luchd-ionnsachaidh uile. Tha na sgilean cleasachd agus taisbeanaidh aca air an toirt air adhart tro bhith a' gabhail pàirt ann an dràma, le sgriopt agus gun sgriopt. Tha rannsachadh shuidheachaidhean fìor no mac-meanmnach a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus an saoghal a thuigsinn agus a chur an cèill do dhaoine eile. Bidh iad nas comasaiche air tlachd fhaighinn à dràma agus nas eòlaiche is nas tuigsiche tro bhith a' dèanamh measadh air cuspairean teicnigeach agus sgriobtaichean agus tro bhith a' toirt am beachd air an obair fhèin agus obair chàich.

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Tha saorsa agam feuchainn a-mach agus taghadh mar a chleachdas mi guth, gluasad agus faireachdainn ann an cluich mas-fhìor is dràma. EXA 0-12a	Is toigh leam a bhith a' cruthachadh, a' taghadh agus a' cluiche phàirtean, a' cleachdadh gluasad, faireachdainn agus guth. EXA 1-12a	Is urrainn dhomh diofar phàirtean a chruthachadh, atharrachadh agus a chumail suas, a' feuchainn diofar ghluasadan bodhaig is aodainn agus mo ghuth, agus a' cleachdadh teicneòlas ealain dràma. EXA 2-12a	Is urrainn dhomh caractar nàdarach no riochdail a chruthachadh, a thoirt air adhart agus a chumail a' dol, tro bhith a' cleachdadh guth, gluasad agus cànan. EXA 3-12a	Is urrainn dhomh fèin-fhiosrachadh agus doimhneachd tuigse a shealltainn ann a bhith a' cur an cèill caractar, ceangalan agus suidheachaidhean, ann an diofar dhòighean agus airson diofar luchd-amais. EXA 4-12a
Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' faireachdainn a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma. EXA 0-13a / EXA 1-13a / EXA 2-13a			Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo thuigse air obair characteran a chleachdadh gus characteran a chruthachadh, a' cleachdadh diofar dhòighean-obrach, a' dèanamh feum de ghuth, gluasad agus cànan. Is urrainn dhomh m' obair a chur fa chomhair luchd-amais. EXA 4-13a	

Dràma (a' leantainn)

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Tha mi a' cleachdadh dràma agus suidheachaidhean fìor agus mac-meanmnach a sgrùdadh, rud a tha gam chuideachadh gus mo shaoghal a thuigsinn.</p> <p>EXA 0-14a</p>	<p>Tha mi air misneachd agus sgilean ionnsachadh ann a bhith a' cruthachadh agus a' taisbeanadh dràma a tha a' coimhead air suidheachaidhean fìor agus mac-meanmnach, a' gabhail a-steach dràma le sgrìopt agus gun sgrìopt.</p> <p>EXA 1-14a</p>	<p>Tha mi air dràma le sgrìopt agus gun sgrìopt a chruthachadh agus a' taisbeanadh, a' fàs mothachail air diofar luchd-amais agus shuidheachaidhean.</p> <p>EXA 2-14a</p>	<p>Leis na beachdan a fhuair mi à diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh cuideachadh le cruthachadh, ullachadh agus taisbeanadh dràma no sgrìoptaichean.</p> <p>EXA 3-14a</p>	<p>An dèidh cothrom fhaighinn air stiùireadh deasbaid is dèanamh cho-dhùnaidhean, is urrainn dhomh obrachadh leam fhìn agus còmhla ri daoine eile gus piosan dràma agus sgrìoptaichean a chruthachadh, ullachadh agus a leasachadh.</p> <p>EXA 4-14a</p> <p>Is urrainn dhomh teicneòlas ealain àrd-ùrlair a chleachdadh gus faireachdainnean làidir a chur an cèill ann am pìos dràma.</p> <p>EXA 4-14b</p>
<p>Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachainn mu dhràma a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan breithneachail a thoirt air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile.</p> <p>EXA 0-15a / EXA 1-15a / EXA 2-15a / EXA 3-15a</p>				<p>Is urrainn dhomh an taobh teicnigeach de dhràma agus sgrìoptaichean a sgrùdadh, tighinn gu co-dhùnaidhean fiosraichte agus beachdan reusanta a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.</p> <p>EXA 4-15a</p>

Ceòl

Tro cheòl, tha cothroman math aig luchd-ionnsachaidh a bhith cruthachail agus air brosnachadh is tlachd fhaighinn. Tha cluiche agus cruthachadh ciùil cudromach don luchd-ionnsachaidh uile. Tro na gnìomhan sin bidh iad a' toirt air adhart an sgilean le guth agus ionnsramaid, a' feuchainn a-mach fhuaimnean is bun-bheachdan ciùil, agus a' cleachdadh am mac-meanmna agus an sgilean gus smuaintean agus ceòl a chruthachadh. Is urrainn dhaibh cur ri an tuigse agus an comas air tlachd fhaighinn à ceòl tro bhith ag èisteachd ri piosan ciùil agus a' toirt am beachd orra. Bidh iad a' cleachdadh ICT airson an comas air ceòl a chruthachadh agus a chluiche a thoirt gu buil agus a thoirt air air adhart, agus gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar a tha ceòl ag obair.

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Is toigh leam a bhith a' seinn agus a' cluich le ceòl de dhiofar stoidhlichean agus chultaran.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-16a</p>	<p>Is urrainn dhomh seinn agus ceòl a chluich o stoidhlichean agus chultaran eile, a' sealltainn mar a tha mo mhisneachd is mo sgil a' fàs fhad 's a tha mi ag ionnsachadh mu leughadh ciùil agus mu stiùiridhean cluiche.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-16a</p>	<p>Is urrainn dhomh seinn agus ceòl a chluich bho raon de stoidhlichean agus chultaran eile, a' sealltainn sgil agus a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, agus/no comharradh ciùil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-16a</p>	<p>Is urrainn dhomh seinn agus/no ceòl a chluich bho raon de stoidhlichean agus chultaran agus mo roghainn ciùil a chluiche le misneachd, a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, comharradh ciùil agus/no ceòl-cluaise.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-16a</p>	<p>Is urrainn dhomh ceòl a dhèanamh, le ionnsramaid is guth, le faireachdainn is mac-meanmna, a' tarraing air raon farsaing stoidhlichean is chultaran is a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, comharradh ciùil agus/no ceòl cluaise.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-16a</p>
<p>Tha saorsa agam mo ghuth, ionnsramaidean ciùil agus teicneòlas ciùil a chleachdadh airson a bhith a' cluich le fuaim agus ruitheam, agus a' faighinn tlachd às.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-17a</p>	<p>Is urrainn dhomh mo ghuth, ionnsramaidean ciùil agus teicneòlas ciùil a chleachdadh airson a bhith a' cluich le fuaim, ruitheam, tòn is daimeamaigs, agus a' faighinn tlachd às.</p> <p style="text-align: right;">EXA 1-17a</p>	<p>Is urrainn dhomh mo ghuth, ionnsramaidean ciùil agus teicneòlas ciùil a chleachdadh gus feuchainn a-mach fhuaimnean, tòn, fonn, ruitheam, timbre agus daimeamaigs.</p> <p style="text-align: right;">EXA 2-17a</p>	<p>Is urrainn dhomh mo ghuth, ionnsramaidean ciùil no teicneòlas ciùil a chleachdadh airson ceòl a sgrìobhadh no a dhèanamh suas fhad 's a tha mi ga chluich, le fonn, ruitheam, co-sheirm, timbre agus structar.</p> <p style="text-align: right;">EXA 3-17a</p>	<p>Is urrainn dhomh mo sgilean guth/ionnsramaid a chur gu feum airson ceòl a chur ri chèile, a' sealltainn mar a tha mo stoidhle agus m' ealantas a' tighinn air adhart.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-17a</p> <p>Is urrainn dhomh teicneòlas ciùil a chleachdadh gus ceòl a sgrìobhadh, a chlàradh is a thoirt gu buil, agus airson mo chluich a thoirt air adhart.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-17b</p>
<p>Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, agus ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, is urrainn dhomh mo bheachdan, smuaintean agus m' faireachdainn a chur an cèill tro cheòl.</p> <p style="text-align: right;">EXA 0-18a / EXA 1-18a / EXA 2-18a</p>				<p>Le brosnachadh o dhiofar rudan, is urrainn dhomh ceòl a chruthachadh is a chluich, a' cleachdadh raon farsaing de bhun-bheachdan ciùil.</p> <p style="text-align: right;">EXA 4-18a</p>

Ceòl (a' leantainn)

Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachdainn mu cheòl a chur an cèill a thaobh m' obair fhìn agus obair dhaoine eile. EXA 0-19a	Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' faireachdainn innse agus a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile. EXA 1-19a / EXA 2-19a	Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus aithnichidh mi feartan agus bun-bheachdan. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile, a' gabhail a-steach obair phroifeiseantaich. EXA 3-19a	An dèidh beachdachadh air na rinn mi fhìn, a' gabhail a-steach com-pàirteachas agus co-obrachadh le proifeiseantaich, is urrainn dhomh èisteachd ri raon farsaing de cheòl agus an taobh teicnigeach dheth a thuigsinn agus a sgrùdadh, breith fhiosraichte a thoirt air agus beachdan pearsanta a chur an cèill mun obair fhìn agus obair dhaoine eile. EXA 4-19a	

Eàrr-ràdh – Mineachadh agus Beag-fhaclair

Tha na mineachaidhean a leanas air briathrachas sònraichte ann airson luchd-oideachaidh, pàrantan, clann agus daoine òga a chuideachadh gus na builean a thuigsinn.

Ealain agus dealbhadh

Cothroman airson dealbhadh a sgrùdadh anns na co-theacsan a leanas: grafaigs, bathar, fasan/aodach, ailtireachd, taobh a-staigh thogalaichean agus seudraidh. Bu chòir iad sin a bhith rim faighinn aig na còig ìrean, a' gabhail a-steach co-chothromachadh agus ionnsachadh ro-làimh.

Bun-bheachdan Ealain agus dealbhaidh

Mar eisimpleir, farsaingeachd, sgèile, co-rèir agus buaidh-astair.

Teicneòlas Ealain agus dealbhaidh

Mar eisimpleir, bathar-bog coimpiutair, dealbhan camara, meadhanan ìomhaigh ghluasadach agus clò-bhualadh-sgriona.

Stiùireadh dealbhaidh

Plana sgrìobhte a dh'innseas a' cheist a tha ri fuasgladh, le slatan-tomhais agus crìochan. Tha an stiùireadh dealbhaidh ga chleachdadh airson sgoilearan a bhrosnachadh gu bhith a' beachdachadh air gach taobh de cheist mus fheuchar air a fuasgladh.

Pròiseas dealbhaidh

Ro-innleachd fuasgladh-cheistean cunbhalach, le slatan-tomhais agus crìochan, a tha air a chleachdadh gus iomadh fuasgladh fhaighinn dhan aon cheist. An lùib sin tha: rannsachadh, toirt air adhart beachdan, faighinn fuasgladh agus a' measadh an fuasglaidh.

Cruthachail

Gnìomhan far a bheil beachdan pearsanta, smuaintean agus faireachdainn air an cur an cèill gu lèirsinneach. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach dèanamh dhealbhan, peantadh, snaigheadh, dèanamh phriontan agus dealbhan le camara.

Cruth

Dealbh on taobh-a-muigh de chruth 3D, dreach no ìomhaigh rud a dh'fhaodadh a bhith, mar eisimpleir, na theann-stuth, trid-shoilleir, furasta a lùbadh, doirbh a lùbadh.

Meadhan/Meadhanan

Inneal(an) airson cruthachadh agus taisbeanadh ann an ealain agus dealbhadh, leithid cailcean, incean, gùais, stuthan aicriolaic, dath aodaich, incean sgrìobhaidh, stuthan snaighidh, meatailtean agus stuth seudraidh agus meadhanan didseatach, a' gabhail a-steach dhealbhan air an togail le camara agus meadhanan ìomhaighean gluasadach.

Eileamaidean lèirsinneach

Na h-eileamaidean bunaitich ann an obair ealain agus dealbhaidh – loidhne, cumadh, cruth, dath, tòn, pàtran, gnè-stutha.

Dannsa

Cruthachadh dannsa

Dòighean air dannsa a chruthachadh, mar eisimpleir le bhith ag ath-dhèanamh mìrean gluasaid.

Cuspair dannsa

Pàtran goirid de ghluasad a tha a' cur an cèill sunnd, faireachdainn, gnìomh no beachd.

Ruithean dannsa

Sreathan de ghluasadan bodhaig a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach siubhal, tionndadh, leum, gluasad-bodhaig, stad agus tuiteam, air an dèanamh gu sàbhailte.

Teicneòlas ealain àrd-ùrlair

Mar eisimpleir, uidheam solais agus fuaim air a chleachdadh gus cur ri taisbeanaidhean air àrd-ùrlair.

Dràma

Seòrsaichean dràma

Mar eisimpleir, dealbh-chluich, comadaidh no pantomaim.

Gnàthasan dràma

Dòighean eile air pàirtean de dhràma a thaisbeanadh, mar eisimpleir maidhm, guth thairis air dealbh, frèam-reòhte ann am film.

Teicneòlas ealain àrd-ùrlair

Mar eisimpleir, uidheam solais agus fuaim air a chleachdadh gus cur ri taisbeanaidhean.

Ceòl

Daineamaigs

Na caochladh ìrean de fhuaim, a thaobh cho àrd no cho socair is a tha am fuaim.

Bun-bheachdan ciùil

Briathrachas airson pàirtean cudromach de cheòl mar ath-aithris, co-sheirm, prìomh ghleus, ana-bhuille.

Teicneòlas ciùil

Cleachdadh innleachdan eileagtronaigeach agus bathar-bog coimpiutair ann an sgrìobhadh agus cluich ciùil.

Pidse

Facal airson cho àrd no cho ìosal/domhainn is a tha pong-ciùil no fuaim.

Timbre

Gnè tònna leis an aithnich sinn aon ionnsramaid bho ionnsramaid eile.